



## Eaglais bhoichd agus Eaglais airson na daoine bochda

In his Gaelic column this month, **ANDREAS WOLFF** speaks of the excitement he felt during his visit to the Vatican City earlier this month for the election of Pope Francis

### GÀIDHLIG



**I**S E SEO, tha e coltach, aon dhe na prìomh rudan a tha am Pàp Prainnseas ag iarraidh fhaicinn. B' e sin na dh'innse e iomadh turas thar nan làithean a chaidh seachad. Fhuair mi fhìn cothrom a bhith an làthair aig an 'cum clave' sa Ròimh a chionn ghoirid. B' e àm air leth a bh' ann. Bha daoine bho air feadh an t-saoghail air a' Cheàrnag gach là—cuid dhiubh a bha air làithean-saora san Eadailt co-dhiù, cuid eile a thàinig a' ghunna-ghnothach agus cuid a bha a' fuireach sa bhaile. Chunnaic mi daoine ag ùrnaigh na Conair-Mhoire fhad 's a bha na cardanalan a' bhòdadh san Seapal Sistinianach. Bha manach air a' ghluinean fad dà uair a thide air a' Cheàrnag tron a' chiad fheasgar.

Chualas aithrisean gun robh dùil gun toireadh e fada mus tigeadh na cardanalan gu co-dhùnadh agus chualas aithrisean nach toireadh e fad sam bith. Chaidh iomadh cardanal ainmeachadh cuideachd. Ach is e an fhìrinn a th' ann nach robh fios aig duine dè bha a' dol a thachairt. Cha robh an Cardanal Jorge Mario Bergoglio air a' ghèarr-liosta. Air an dàrna là bha na mìltean mòra a-rithist a-muigh air a' Cheàrnag a dh'aindeoin na sìde

fhluch agus dealanaich. Aig meadhan-là chunnaic sinn ceò a bha caran glas ach tha e coltach gur e ceò dubh a bh' ann. Bha dùil againn gum biodh an aon rud ann air an oidhche. Dar a' mhòthaich daoine gur e ceò geal a thàinig a-mach às an t-similear, bha iad ag èibheach: "Yes, yes!" Cha tug e fada mus robh na mìltean a' bharrachd a' ruigh dhan a' Cheàrnag.

**M**u uair a thide às dèidh sin chaidh ainmeachadh cò bh' ann. Cha do thuig mòran ainm an toiseach. Dar a' nochd am Pàp ùr airson a' chiad uair aig an uinneag bha an sluagh air mhìreann is iad ag èibheach: "Francesco, Francesco!"—Eadailtis airson "Prainnseas, Prainnseas!" Chuir e iongnadh air mòran mar a dh' iarr e an toiseach air an t-sluagh ùrnaigh a dhèanamh air a shon mus do bheannaich e sinn. Bha cha mhòr gach duine a' clàradh na thuirt e air na fònaichean-làimhe aca—chunnacas na mìltean solais beaga. Cha robh e comasach a dhòl air an eadar-lìon aig an àm gus tweetadh no càil mar sin-cha mhòr nach robh e comasach dhomh fònadh a bharrachd. Bha a h-uile duine a' dèanamh an aon rud.

Bha e iongantach na h-uidhir a dhaoine

(Prìomh-dhealbh) Na mìltean a' feitheamh air Ceàrnag Naomh Pheadair anns an uisge. (Dealbh beag) Mnathan-cràibhaidh air Ceàrnag Naomh Pheadair

òga fhaicinn. Dh'innse mòran dhiubh dhomh gun robh iad airson agus gum fosgail am Pàp ùr an Eaglais dhan òigridh. Ged a tha e 76 bliadhna a dh'aois bha Mgr Daniel Fitzpatrick bho cholaiste nan sagairtean Albanach sa Ròimh dhen bheachd gun robh neart agus comas aige an òigridh a thaladh a-steach. Tha e coltach gu bheil mòran dhaoine a' faireachdainn ris e Pàp a th' ann a tha math air conaltradh ris a' mhòr-shluagh. Chan e agus gu bheil e a' dèanamh oidhirp a bharrachd, ach tha e a' tighinn thuige gu nàdarra.

Thadhail mi air buidheann-charthannais cuideachd a tha ag obair leis na daoine bochda sa Ròimh agus air feadh an t-saoghail gus faighinn a-mach, dè bha iadsan a' smaointinn mun Phàp ùr. Innsidh mi dhiubh mu dhèidhinn sin an ath-thuras. Gus an uair sin: Beannachd leibh às an Ròimh!

■ earra-ghaidheal@gmx.net

## Ann am Beurla (In English)

"A POOR Church and a Church for the poor," is what Pope Francis wants to see. At midday smoke seemed rather grey-ish to me that Wednesday of the conclave. Some people in the square were praying the Rosary. A monk was praying on his knees. There were people from around the world and especially many young people. But when the crowds in St Peter's Square realised it was white in the evening many shouted: "Yes, yes!"

Thousands more came running towards the Vatican despite the very

changeable weather. At one point there was heavy rain and lightning. Shortly after that it was announced that Cardinal Jorge Mario Bergoglio from Argentina was elected Pope, but many in the square didn't understand the name and had never heard of him.

Over the previous week there was much speculation but in the end nobody knew who would be chosen. Soon thereafter people around me started shouting: "Francesco, Francesco!"—Italian for "Francis, Francis!"

When he finally appeared he firstly asked those in the square to pray for

him. Many were impressed by his humbleness. Almost everyone was filming the event on their mobile phones and using data services on the mobile, such as Twitter, was hopeless. Even phoning proved difficult as everyone tried to do just that.

Many young people told me they wanted to see a Church that opens up to them. Pope Francis is 76 years old but Fr Daniel Fitzpatrick, vice rector of the Scots College of priests in Rome, believes he will still be able to do so because he has the capacity to energise people.